

Bisearta

George Campbell Hay

Chì mi rè geàrd na h-oidhche
dreòs air chrith 'na fhroidhneas thall air fàire,
a' clapail le a sgiathaibh ,
a' sgapadh 's a' ciaradh rionnagan na h-àird' ud.

Shaoileadh tu gun cluinnte,
ge cian, o 'bhuiillsgein ochanaich no caoineadh,
ràn corraich no gàir fuatha,
comhart chon cuthaich uaith no ulfhairt fhaolchon,
gun ruigeadh drannd an fhòirneirt
on fhùirneis òmair iomall fhèin an t-saoghail.
Ach siud a' dol an leud e
ri oir an speur an tostachd olc is aognaidh.

C' ainm nochd a th' orra,
na sràidean bochda anns an sgeith gach uinneag
a lasraichean 's a deatach,
a sradagan is sgreadail a luchd thuinidh,
is taigh air thaigh ga reubadh,
am broinn a chèile am brùchdadh toit a' tuiteam?
Is cò a-nochd tha 'g atach
am Bàs a theachd gu grad 'nan cainntibh uile,
no a' spàirn measg chlach is shailthean
air bhàinidh a' gairm air cobhair, is nach cluinnear?
Cò a-nochd a phàigheas
seann chis àbhaisteach na fala cumant?

Uair dearg mar lod na h-àraich,
uair bàn mar ghile thràighte an eagail èitigh,
a' dìreadh 's uair a' teàrnadh,
a' sìneadh le sìtheadh àrd 's a' call a mheudachd,
a' fannachadh car aithil,
's ag at mar anail dhiabhail air dhèinead,
an t-Olc 'na chridhe 's 'na chuisle,
chì mi 'na bhuillean a' sìoladh 's a' leum e.
Tha 'n dreòs 'na oillt air fàire,
'na fhàinne ròis is òir am bun nan speuran,
a' breugnachadh 's ag àicheadh
le 'shoillse sèimhe àrsaidh àrd nan reultan.